



DREUCHD	Oifigear Trusadh Oileanach (Fòrladh Màthaireil)
ROINN	Roinn Margaidheachd is Conaltraidh
FO STIÙIR	Ceannard Margaideachd is Conaltraidh
ÌRE TUARASTAIL	£25,474-£28,727 / Ri aontachadh, a rèir eòlais.
PRÌOMH ÀITE-OBRACH	Tha a' Cholaiste stèidhichte san Eilean Sgitheanach. Tha sinn deònach beachdachadh air iarrtasan bho dhaoine a tha airson a bhith ag obair air astar, leis an tuigse gum bi agaibh ri tighinn dhan Cholaiste bho àm gu àm.

ADHBHAR NA DREUCHD:

Bidh an t-Oifigear Trusadh Oileanach a' stiùireadh agus a' coileanadh na h-obrach gus oileanaich a thrusadh agus iad ag obair mar phàirt dhen Roinn Mhargaidheachd is Chonaltraidh: agus bidh iad a' dèanamh sanasachd air Sabhal Mòr Ostaig, gu nàiseanta agus gu h-eadar-nàiseanta, mar an roghainn as fheàrr do dh'oileanaich aig a bheil ùidh sa Ghàidhlig agus ann an cultar a' chàinain. Bidh an neach-dreuchd a' togail eòlas math air an t-seòrsa margaidheachd a bhios a dhìth gus cuideachadh le bhith a' trusadh oileanach tro chonaltradh is tachartasan aghaidh-ri-aghaidh agus air-loidhne.

PRÌOMH DHLEASTANASAN

- A' dealbh agus a' coileanadh Plana Trusadh Oileanach
- Bidh sibh mar bhall gnìomhach dhen sgioba Mhargaidheachd is Chonaltraidh, agus sibh a' cuideachadh le bhith a' sgaoileadh fiosrachadh mu chùrsaichean, tachartasan agus naidheachdan agus sibh a' cleachdadh mheadhanan conaltraidh innleachdach
- Ag obair le co-obraichean gus meadhanan/stuthan margaidheachd a chruthachadh a ghabhas a cho-phàirteachadh, air-loidhne agus tro dhòighean eile, le sgoiltean, le daoine le ùidh ann a bhith a' clàradh mar oileanaich agus le daoine bho thaobh a-muigh na colaiste mar thaic dhan obair cho-chonaltraidh againn
- A' co-òrdanachadh mar a bheir tosgairean oileanach agus co-obraichean taic do dh'obair trusaidh (am measg sgoiltean, oilthighean agus dhaoine eile aig am biodh ùidh 's dòcha ann a bhith a' clàradh mar oileanaich, mar eisimpleir, luchd-ionnsachaidh Duolingo), a' cur trèanadh air dòigh nuair a bhios feum air sin
- A' co-òrdanachadh mar a thèid Làithean Fosgailte bliadhnail a chumail air làrach na Colaiste (mar as trice bidh aon latha fosgailte slàn ann san Lùnastal agus leth-latha sa Mhàrt)
- A' co-òrdanachadh no a' cur air dòigh tursan is fiosrachadh do dhaoine a bhios a' tadhal aig a bheil ùidh ann a bhith a' tighinn dhan Cholaiste mar oileanaich
- A' dèanamh conaltradh ri luchd-ùidhe ann an sgoiltean/a' cuideachadh le bhith a' cur thursan air dòigh far am bi daoine a' tadhal air a' Cholaiste agus a' riochdachadh na Colaiste aig tachartasan sònraichte, me, fèisean ciùil, am Mòd Nàiseanta Rìoghail gach Dàmhair
- Ag obair leis an sgioba gus earrainnean cudromach de mhargaidhean a chomharrachadh san urrainnear sanasachd a dhèanamh air an Ionad Nàiseanta airson Cànan is Cultar na Gàidhlig agus a' faighinn tuigse air na tha daoine a dh'fhaodadh a bhith nan oileanaich againn a' miannachadh, na tha cudromach dhaibh, agus air mar a nì iad co-dhùnaidhean feuch an urrainn dhuinn an tàladh agus am brosnachadh gu bhith a' clàradh mar oileanaich aig a' Cholaiste
- A' cumail sùil air na tha ionadan foghlaim eile a' dèanamh agus air pàtran na sa mhargaidh

A' TOGAIL CHEANGLAICHEAN:

- A' cruthachadh is a' cumail suas ceanglaichean ri sgoiltean is daoine eile air a bheil sinn ag amas sa mhargaidh
- Ag obair còmhla ris an Roinn Chlàraidh agus co-obraichean eile a thaobh thargaidean clàraidh agus na tha dhìth air daoine a dh'fhaodadh a bhith nan oileanaich aig a' Cholaiste
- A' cuideachadh le conaltradh leantainneach ri daoine a dh'fhaodadh a bhith nan oileanaich againne fhad 's a tha iad air 'slighe an neach-iarrtais' agus a' lorg dhòighean gus leasachadh a thoirt air na tha sinn a' tabhann, ar modhan-conaltraidh agus ar dòighean-obrach
- A' stèidheachadh cheanglaichean obrach buadhach le diofar luchd-amais agus a' frithealadh thachartasan proifeiseanta buntainneach
- A' cruthachadh siostam a nì am feum as fheàrr dhen Chomann Luchd-ceuma agus Comann nan Oileanach gus cuideachadh le bhith a' trusadh oileanach

TACHARTASAN

- A' cumail thachartasan le daoine, aghaidh-ri-aghaidh agus air-loidhne, a chuireas ri àireamh nan oileanach, me, Làithean Fosgailte agus Làithean Luchd-iarrtais
- A' co-òrdanachadh mar a bhios luchd-obrach a' frithealadh thachartasan trusaidh taobh a-muigh na Colaiste (air-loidhne agus aghaidh-ri-aghaidh), leithid òraidean, taisbeanaidhean is fèilltean foghlaim, agus tursan gu sgoiltean is oilthighean
- A' stiùireadh chuirtean air Sabhal Mòr Ostaig: a' moladh nan cothroman a gheibhear aig an ionad nàiseanta do luchd-tadhail

MEASADH

- A' sgrùdadh agus a' cumail sùil air is a' dèanamh aithris air obair trusaidh gus cuideachadh le bhith a' trusadh oileanach san ùine ri thighinn agus le ro-innleachdan airson sin
- A' dèanamh cinnteach gun tèid cinn-uidhe choileanaidh is targaidean obrach a choileanadh a thaobh diofar phàirtean de thrusadh
- A' coileanadh dhleastanasan eile a thèid a bhuileachadh oirbh leis a' Cheannard Mhargaideachd is Chonaltraidh

COMASAN AN NEACH-OBRAICH

Tha sinn a' sireadh Oifigear Trusadh Oileanach air leth ealanta is dealasach aig a bheil eòlas aig ìre fhreagarrach a tha a' coileanadh shlatan-tomhais an tuairisgeil obrach seo, agus aig a bheil na comasan a leanas.

RIATANACH

- Sàr sgilean conaltraidh (sgrìobhte is labhairteach) ann an Gàidhlig is Beurla
- Air leth rianail nur dòigh agus 's urrainn dhuibh rian a chumail air an ùine agaibh agus air prìomhachasan
- Càirdeil is fosgailte nur dòigh
- Tha sibh mothachail air cho feumail 's a tha dàta agus glè mhath air mion-sgrùdadh a dhèanamh air cùisean
- Manaidsear pròiseict math agus math air fuasgladh fhaighinn air trioblaidean
- Math air a bhith ag obair mar phàirt de sgioba agus air ur ceann-fhèin gun stiùireadh
- Deònach a bhith ag obair gu sùbailte nuair a dh'fheumas sibh gus taic a chur ri obair trusaidh agus clàraidh taobh a-muigh uairean obrach àbhaisteach



SABHAL
MÒR OSTAIG

Ionad Nàiseanta Cànan is Cultar na Gàidhlig

COMASAN A BHIOS NAM BUANNACHD

- Ùidh agaibh ann an, agus eòlas air, cùisean co-cheangailte ri Foghlam Gàidhlig is Foghlam Adhartach is Àrd-ìre san latha an-diugh
- Eòlas air agus eòlas-obrach air a bhith a' cur obair cho-chonaltraidh air dòigh agus an sàs, 's e as fheàrr ma rinn sibh sin airson ionad no buidheann fhoghlaim
- Eòlas air a bhith ag obair le daoine òga
- Eòlas air a bhith a' planadh airson agus a' cur thachartasan is nithean eile air dòigh do dhiofar luchd-amais
- 'S urrainn dhuibh Microsoft Office/bathar-bog airson conaltradh bhideo air-loidhne a chleachdadh

Fiosrachadh eile:

- Bidh sibh ag obair 35 uairean san t-seachdain (tha sinn deònach beachdachadh air iarrtasan airson obair phàirt-thìde)
- 35 làithean-saora gach bliadhna (a' gabhail a-steach làithean-saora poblach). Thathar an dùil gun cleachd sibh pàirt dhen fhòrladh bhliadhnail agaibh thairis air àm na Nollaig nuair a bhios a' Cholaiste dùinte. Tha bliadhna nan làithean-saora a' dol bho 1 Faoilleach gu 31 Dùbhlachd.
- Tha pròiseas airson measaidhean-obrach bliadhnail aig a' Cholaiste
- Thathar an dùil gun gabh luchd-obrach pàirt ann an cùrsaichean trèanaidh riatanach agus gum bi iad deònach na sgilean aca a leasachadh tro chothroman leasachaidh proifeiseanta
- Bidh Sabhal Mòr Ostaig a' toirt taic do luchd-obrach le bhith a' leasachadh nan sgilean Gàidhlig aca
- Tha sgeama peinnsein aig Sabhal Mòr Ostaig le Scottish Widows agus bidh cothrom aig luchd-obrach cuideachd clàradh airson an sgeama àrachais bheatha
- 'S e Sabhal Mòr Ostaig am prìomh àite-obrach, ach bidh agaibh ri siubhal bho àm gu àm gu coinneamhan is tachartasan. Tha sinn deònach beachdachadh air iarrtasan bho dhaoine a tha airson a bhith ag obair air astar, leis an tuigse gum bi agaibh ri tighinn dhan Cholaiste bho àm gu àm.

'S i a' Ghàidhlig cànan na Colaiste agus feumaidh e a bhith comasach dhuibh a bhith ag obair sa Ghàidhlig gach latha.

Tha cothroman trèanaidh ann gus ur cuideachadh le bhith a' toirt piseach air ur sgilean cànan.

Gheibhear tuilleadh fiosrachaidh air Sabhal Mòr Ostaig air ar làrach-lìn. Gheibhear foirm-iarrtais bhon làrach-lìn le bhith a' tadhal air an earrainn 'A' Cholaiste' agus a' cliogadh air 'Cothroman Obrach'.

Bu chòir iarrtasan a chur gu obair@smo.uhi.ac.uk ro 5f air 22 Lùnastal 2024.